

Dualchas Dhuinn Uile

Am Plana Corporra 2025-28



HISTORIC
ENVIRONMENT
SCOTLAND

ÀRAINNEACHD
EACHDRAIDHEIL
ALBA



Caisteal Dhùn Èideann

Clàr-innse

Facal-toisich	3
Sealladh de ar plana	6
Ar Prìomhachasan is Builean do 2025-28	6
Ar n-adhbhar agus lèirsinn	8
Mu dheidhinn HES	9
Ar prionnsapalan	10
Ar prìomhachasan	11
Ar builean:	12
Dualchas na h-Alba	12
Sgilean agus ionnsachadh	16
Daoine agus àiteachan	18
Gnìomh gnàth-shìde	22
Ar buidheann	24
Lìbhrigeadh ar plana	26
Tomhas soirbheachadh	26
Cur taic ri builean is poileasaidhean an riaghaltais	27

Facal-toisich

Aig Àrainneachd Eachdraidheil Alba, is e ar n-adhbhar àrainneachd eachdraidheil Alba a rannsachadh, cùram a ghabhail dhith agus a h-adhartachadh. Tha sinn airson 's gun dèan an àrainneachd eachdraidheil fìor dhiofar air beatha dhaoine – air ar slàinte, air ar n-eaconamaidh, air ar cultar, air ar n-àrainneachd.

Tha **Dualchas Dhuinn Uile** a' mìneachadh ar n-àrd-amasan agus ar prìomhachasan thar nan trì bliadhna ri teachd. Aig àm de dhùbhlain chudromach chruinneil agus ionadail, tha sinn a' tuigsinn an fheum air a bhith sùbailte, ùr-ghnàthach agus ar n-oidhirpean a chuimseachadh gus a dhèanamh cinnteach gun lìbhrig sinn a' bhuaidh as motha. Tha **Dualchas Dhuinn Uile** a' mìneachadh mar a bhios sinn ag adhartachadh, a' comharrachadh agus ag àrdachadh àrainneachd eachdraidheil eadar-mheasgte na h-Alba.

Tha daoine aig cridhe ar cuid obrach. Tha ar daoine fhìn aig teis-meadhain gach nì a tha sinn a' dèanamh mar bhuidheann. Air feadh Alba, tha daoine a' toirt seachad an ùine, an ealantais agus an dìoghras airson cùram a ghabhail don dualchas a tha cudromach dhaibh. Tha sinn a' tuigsinn cudromachd a bhith ag obair ann an com-pàirteachas – le daoine fa leth, coimhearsnachdan, urrasan, agus feadhainn eile, tarsainn nan roinnean poblach, prìobhaideach agus treas-ìreach, gus dualchas nar

bailtean beaga, bailtean mòra, agus bailtean fearainn a phrìomhachadh agus a dhìon. Bidh na dùbhlain agus na cothroman a bhios mu ar coinneamh sna bliadhnaichean ri teachd, a' dèanamh na h-oidhirp choitchinn seo agus an fheallsanachd fiù nas deatamaiche.

Mar bhuidheann, tha sinn cunntachail airson raon farsaing de dhleastanasan agus ghnìomhan. Bidh na h-ath bhliadhnaichean sònraichte agus sinn a' cumail air adhart a' cruthachadh nam bunaitean airson dèanamh cinnteach às ar seasmhachd ionmhasail is obrachail, fad-amaill. Tha sinn toilichte modail gnothachais ùr aontachadh le Riaghaltas na h-Alba. Bheir seo barrachd sùbailteachd dhuinn san dòigh sam bi sinn ag obair agus gar comasachadh air modh-obrach nas ro-innleachdail a ghabhail, a thaobh mar a tha sinn a' stiùireadh nam maoinean a tha nar cùram.

Barrachd na bha e a-riamh, feumaidh sinn gabhail ri cothroman agus dèanamh cinnteach gun lìbhrig sinn ann an raointean aig a bheil a' bhuaidh as motha. Tha seo a' ciallachadh a bhith a' prìomhachadh agus a' riarachadh ghoireasan gu h-èifeachdach. Tha e a' ciallachadh cuideachd a bhith a' gabhail ri dòighean ùra air nithean a choileanadh. Bidh ùr-ghnàthachas, rannsachadh, agus dèanamh feum de na h-innealan agus den teicneòlas as ùire, deatamach do ar n-obair aig gach ìre: eadar gur e sin

ann an glèidhteachas air làraichean a tha nar cùram; nar n-obair san t-siostam planaidh; no ann an libhrigeadh sgilean agus gnìomhachdan ionnsachaidh. Tha ùr-ghnàthachas a' ciallachadh a bhith a' stiùireadh na slighe, chan ann a-mhàin ann an togail glèidhteachais no rannsachadh arc-eòlasach, ach ann an lorg dhòighean ùra san urrainn do choimhearsnachdan, togalaichean, làraichean, agus cruthan-tìre a chleachdadh, gus dèanamh cinnteach gum bi iad riatanach san àm ri teachd.

Tha àrainneachd eachdraidheil Alba na mhaoin àibheiseach nàiseanta. Tha e gar solarachadh le ceanglaichean ris an àm a dh'fhalbh, ri chèile san latha an-diugh, agus ri ginealaichean a bhios ri teachd. Tha e a' cumadh ar dearbh-aithne agus a' brosnachadh gach neach a tha a' còmhnaidh no a' tadhal ann an Alba. Tha [Dualchas Dhuinn Uile](#) a' cur ri mòran raointean den bheatha ann an Alba. Le bhith a' cur fàilte air na milleanan de luchd-tadhail bho air feadh an t-saoghail, tha sinn a' ginteadh £1 billean gach bliadhna do dh'eaconamaidh na h-Alba; còmhla, tha an roinn àrainneachd eachdraidheil

air feadh Alba a' cur còrr air £6 billean ris an eaconamaidh gach bliadhna. Tha an àrainneachd eachdraidheil riatanach cuideachd do chinn-uidhe na h-Alba a thaobh seasmhachd àrainneachdail a choileanadh. Tha fios againn gu bheil atharrachadh gnàth-shìde air buaidh dhomhain a thoirt air àrainneachd eachdraidheil Alba mar-thà. Bidh an obair air di-chàrbonachadh na roinne againn, a' suidhe taobh ri taobh le gnìomhachd an lùib ar maoinean dualchais a fhreagarrachadh gus a bhith seasmhach an aghaidh buaidhean atharrachaidh gnàth-shìde. Gu cudromach, leanaidh sinn a' coileanadh àite bunaiteach ann an togail nan sgilean dualchais air a bheil feum aig ar dùthaich gus cùram a ghabhail do ar so-mhaoinean, agus gus cinneachadh is soirbheachadh ann an saoghal atharrachail.

Tha mòran ri dhèanamh thar nan trì bliadhna a tha romhainn. Tha [Dualchas Dhuinn Uile](#) a' dearbhadh ar dealais gu bhith nar buidheann àrd-amasail agus in-ghabhalach, a bhios a' riochdachadh agus a' brosnachadh gach neach. Tha sinn a' coimhead air adhart ribh a bhith còmhla rinn air an t-slighe sin.



An Dr Ùisdean Hall
Cathraiche,
Àrainneachd
Eachdraidheil Alba



Katerina NicilleDhuinn
Ceannard,
Àrainneachd
Eachdraidheil Alba



Sealladh de ar plana

Is e ar n-adhbhar

àrainneachd eachdraidheil Alba a rannsachadh, cùram a ghabhail dhith agus a h-adhartachadh, gu buannachd dhaoine agus coimhearsnachdan anns gach àite.

Is e ar lèirsinn

dualchas dhuinn uile.

Ar Prìomhachasan is Builean do 2025-28



Dualchas na h-Alba

Ann an 2028, bidh sinn air:

1. seilbheachd a mheudachadh anns na maoinean dualchais a tha nar cùram.
2. fèin-fhiosrachadh brosnachail is cuimhneachail a thoirt do luchd-tadhail.
3. modhan co-dhùnaidh math a chomasachadh do dh'àiteachan tèarainte na h-Alba.



Sgilean agus ionnsachadh

Ann an 2028, bidh sinn air:

4. ginealach ùr de luchd-ionnsachaidh a bhrosnachadh tro ar prògraman sgilean agus for-ruigheachd.



Daoine agus àiteachan

Ann an 2028, bidh sinn air:

5. na buannachdan eaconamach is coimhearsnachd bho àrainneachd eachdraidheil Alba a mheudachadh.
6. ar maoineachadh tabhartais a chumail suas gus dèanamh cinnteach gu bheil an àrainneachd eachdraidheil a' libhrigeadh mu choinneamh phrìomhachasan nàiseanta.



Gnìomh gnàth-shìde

Ann an 2028, bidh sinn air:

7. an t-slighe a stiùireadh ann an lùghdachadh buaidhean gnàth-shìde.
8. dualchas na h-Alba a chur aig teis-meadhan eadar-ghluasad cothromach gu cothromachadh carboin.



Ar buidheann

Ann an 2028, bidh sinn air:

9. ar teachd-a-steach a mheudachadh agus air tasgadh ann an dualchas na h-Alba.
10. àrainneachd shàbhailte, thèarainte agus in-ghabhalach a sholarachadh anns am faod ar co-obraichean soirbheachadh.

Ar n-adhbhar agus lèirsinn

Is e ar n-adhbhar: àrainneachd eachdraidheil
Alba a **rannsachadh, cùram a ghabhail dhith,
agus a h-adhartachadh**, gu buannachd nan daoine
agus nan coimhearsnachdan anns gach àite.

Is e ar lèirsinn: **dualchas dhuinn uile.**



Tachartas Caisteal an
t-Solais, Dùn Èideann

Mu dheidhinn HES

Is e buidheann poblach agus carthannas a th' annainn, le dreuchdan reachdail a thaobh àrainneachd eachdraidheil Alba a rannsachadh, cùram a ghabhail dhith, agus a h-adhartachadh. Tha sinn a' stiùireadh leasachadh agus a' co-òrdanachadh libhrigeadh air ro-innleachd nàiseanta na h-Alba don àrainneachd eachdraidheil. Tha ar dreuchdan air am mìneachadh ann an Achd Àrainneachd Eachdraidheil Alba 2014.



Suirbhidh geò-fiosaigeach aig Beinn Cairùna,
Dùn Phris is Gall-Ghàidhealaibh

Tha an obair a tha sinn a' coileanadh cho beairteach agus cho ioma-chùiseach ri eachdraidh na h-Alba fhèin. Is e sinne:

- **stiùbhard** air barrachd na 300 làrach de chudromachd nàiseanta, còrr air 43,000 cruinneachadh de nithean, agus tuilleadh is còig millean tasglann fiosaigeach agus didseatach.
- **riaghladair** air àrainneachd eachdraidheil Alba, a' comasachadh atharrachadh agus aig an aon àm a' dìon a cudromachd sònraichte tro ainmeachaidhean agus aontaidhean.
- **neach-maoineachaidh** air gnìomhachd dualchais ann an coimhearsnachdan air feadh Alba.
- **comhairliche** don riaghaltas, do dh'ùghdarrasan ionadail, agus seilbheadairean is stiùirichean thogalaichean.
- **rannsaichearan** air an àm a dh'fhalbh ann an Alba, agus air mar as urrainn dhuinn cùram a ghabhail de agus àrainneachd eachdraidheil Alba adhartachadh.
- **oide**, a' cur taic ri leasachadh sgilean agus iomairtean ionnsachaidh air feadh na dùthcha.
- **gaisgeach** às leth àrainneachd eachdraidheil Alba agus na buannachdan a tha sin a' cruthachadh.

Ar prionnsapalan

Bidh ar n-obair sa phlana seo air a stiùireadh leis na prionnsapalan a leanas. Bidh iad sin a' fiosrachadh na tha sinn a' dèanamh agus an dòigh san dèan sinn e.

Tha dualchas do gach neach

Is e barrachd na sluagh-ghairm a th' ann an 'Dualchas dhuinn uile'. Brosnaichidh sinn agus lìbhrigidh sinn lèirsinn in-ghabhalach a thaobh dualchas a bhios a' dèanamh cinnteach gu bheil cothroman aig gach neach fa leth a bhith air am brosnachadh leis, agus comasach air an guth a thogail anns na co-dhùnaidhean a tha cudromach dhaibh. Tha an obair againn mu dheidhinn a bhith a' cruthachadh bhuannachdan do dhaoine a-nis agus san àm ri teachd. Bidh sinn a' cuimseachadh ar n-obair air builean, gus an urrainn dhuinn an diofar dhearbhadh a tha sinn a' dèanamh air beatha dhaoine, a thuigsinn agus a dhiùlnachadh.

Obraichidh sinn còmhla ri càch

Tha tasgadh aig gach neach anns an àrainneachd eachdraidheil, a tha a' còmhach mòran diofar roinnean. Gus an lèirsinn seo a thoirt gu buil, feumaidh sinn taic a thoirt – agus taic fhaotainn – bho bhuidhnean agus bho dhaoine fa leth air feadh na dùthcha. Tha sinn a' tuigsinn seo agus obraichidh sinn ann an com-pàirteachas gu h-ionadail, gu nàiseanta agus gu h-eadar-nàiseanta gus ar cinn-uidhe a choileanadh.

Cuimsichidh sinn ar n-obair air raointean sam bi a' bhuidh as àirde


Le goireasan crìochnach agus a' cothachadh ri amannan eaconamach dùbhlach, chan urrainn dhuinn lìbhrigeadh air gach taobh fad na h-ama. Tha sinn a' tuigsinn seo agus bidh sinn follaiseach nar modh cho-dhùnaidhean.

Lorgaidh sinn dòighean ùra air nithean a dhèanamh

Lorgaidh sinn dòighean air èifeachdas ar n-obrachaidhean a leasachadh agus ar tùsan maoineachadh fhàs agus atharrachadh. Bidh ùr-ghnàthachas deatamach do ar n-obair thar beatha a' phlana seo. Comharraichidh sinn agus gabhaidh sinn ri teicneòlasan agus modhan obrach ùra, a' lorg theachdaichean agus luchd-èisteachd ùr, agus a' rannsachadh dhòighean ùra air seilbheachd a bhrosnachadh do dh'àrainneachd eachdraidheil Alba.

Tha dàta is fiosrachadh deatamach do gach nì a tha sinn a' dèanamh

Tha na co-dhùnaidhean a tha sinne agus càch a' dèanamh mun àrainneachd eachdraidheil a' toirt buaidh air na fìor mhaoinean sin a tha an ceist, còmhla ri gnothachasan agus coimhearsnachdan. Tha e riatanach gu bheil na co-dhùnaidhean sin air am fiosrachadh le bunait de fhianais a tha làidir. Tro ar rannsachadh agus tagradairachd, leasaichidh sinn ar bunait fianais agus nì sinn e ruigsinneach agus faotainneach.



Sganadh Ceann Shruighlea bho Chaisteal Shruighlea

Ar prìomhachasan

Thar nan trì bliadhna a tha romhainn, bidh ar n-obair a' cuimseachadh air na raointean prìomhachais a leanas:

- **Dualchas na h-Alba**
- **Sgilean agus ionnsachadh**
- **Daoine agus àiteachan**
- **Gnìomh gnàth-shìde**
- **Ar buidheann**

Chaidh na prìomhachasan sin a chomharrachadh tro chonaltradh, co-chomhairleachadh, agus sgrùdadh na tha air fàire. Tha iad a' riochdachadh ar freagairt don àrainneachd obrachaidh làithreach sa bheil sinn gar lorg fhìn, agus a' riochdachadh raointean far an fheàrr as urrainn don obair againn taic a chur ri prìomhachasan nàiseanta is roinneil, gus cuideachadh le libhrigeadh a stiùireadh air **Ar n-Àm a Dh'fhalbh, Ar n-Àm ri Teachd: an ro-innleachd do dh'àrainneachd eachdraidheil Alba.**

Stiùiridh sinn ar goireasan a-steach do ar prìomhachasan a bheir cumadh air an dòigh sam bi sinn a' dèiligeadh ri ar n-obair mar bhuidheann. Tha an obair sin uile aonaichte fo ar dealas a thaobh dualchas dhuinn uile agus air a libhrigeadh tro ar prìomhachasan agus modhan giùlain.

Uidheam dealbh-
thogail ròbatach
aig Cruinneachadh
Nàiseanta Dealbh-
thogail Adharail





Ar builean:

Dualchas na h-Alba

Is e goireas air leth a th' ann an àrainneachd eachdraidheil Alba. Is ann a-mhàin le bhith a' gabhail cùram dhith, is urrainn dhuinn dèanamh cinnteach gu bheil a buannachdan air am faireachdainn leis an àireamh as motha de dhaoine 's a ghabhas. Feumaidh sinn dèanamh cinnteach gu bheil ar làraichean fosgailte agus ruigsinneach gus am bi e comasach do dhaoine tadhal, tlachd a ghabhail asta agus buannachd fhaotainn bhuapa; gu bheil cothrom aig togalaichean falamh air feuman ùra a lorg; agus gum faod ar maoinean a bhith air an aiseag gu na ginealaichean ri teachd.

Tha e deatamach gu bheil am modh-obrach ceart againn ann an stiùireadh nam maoinean a tha nar cùram, gu bheil an t-slighe cheart againn air fàilte a chur air luchd-tadhail agus an dòigh chothromach air an àrainneachd eachdraidheil a dhìon tro ar dreuchd mar riaghladair san t-siostam planaidh. Tha seo a' ciallachadh a bhith a' tuigsinn nan nithean air a bheil daoine a' cur luach a thaobh na h-àrainneachd eachdraidheil, agus a' dèanamh cinnteach gu bheil am misneachd agus na sgilean aig gach neach a tha an sàs sna co-dhùnaidhean, air co-dhùnaidhean èifeachdach agus in-ghabhalach a dhèanamh.



Suirbhidh
Sgrùdaidh aig
Cathair-eaglais
Ghlaschu

Buil 1

Bidh sinn air seilbheachd a mheudachadh anns na maoinean dualchais a tha nar cùram.

Prìomh Chomharra Coileanaidh

Tha sinn air caiteachas dìreach a mheudachadh 15%, bho £43 millean gu £50 millean, airson glèidhteachas agus càradh thogalaichean, cruinneachaidhean, is tasglannan a tha nar cùram.

Buil 2

Bidh sinn air fèin-fhiosrachadh brosnachail agus cuimhneachail a thoirt do luchd-turais.

Prìomh Chomharra Coileanaidh

Sa Mhàrt 2028, tha sinn air sgòran suirbhidh àrd a thaobh fèin-fhiosrachaidh luchd-tadhail, a chumail suas no a leasachadh.

Buil 3

Bidh sinn air modh cho-dhùnaidhean math a chomasachadh do dh'àiteachan tèarainte na h-Alba.

Prìomh Chomharra Coileanaidh

Sa Mhàrt 2028, tha sinn air Poileasaidh Àrainneachd Eachdraidheil do dh'Alba ath-ùrachadh.



Tachartas Comharrachaidh nan Linn-tean,
Gearastan Deòrsa



Luchd-tadhail air tasglann HES







Ar builean:

Sgilean agus ionnsachadh

Tha an àrainneachd eachdraidheil na tùs brosnachaidh is meòrachaidh do dhaoine de gach aois agus cùl-dualchais. Tha ar n-obair a' cur taic ri daoine gu sgilean ionnsachadh, dreuchdan-beatha ùra a lorg agus ceanglaichean a thogail, ge 'r bith càite a bheil iad a' còmhnaidh no far a bheil iad nam beatha. Tha sinn ag amas air dèanamh cinnteach gu bheil cothroman aig gach neach ionnsachadh mu dheidhinn agus ionnsachadh bho an àrainneachd eachdraidheil.

Tha seata sgilean speisealta agus diofraichte a dhìth airson cùram a ghabhail do ar maoinean dualchais.

Faodaidh na sgilean sin an aiseag sìos agus am fàs thar ghinealaichean, no tighinn am bàrr bhon chleachdadh as ùire air dàta no teicneòlasan ùr-ghnàthach. Tha iad a' gabhail a-steach nan sgilean a tha a' cur taic ri glèidhteachas air ar maoinean as prìseile, agus na sgilean a tha gar cuideachadh gu conaltradh le luchd-èisteachd no fàilte a chur air luchd-tadhail gu na làraichean. Mar sin, bidh sinn a' fighe leasachadh sgilean a-steach tarsainn ar n-obair, agus ag obair le com-pàirtichean roinneil agus luchd-ùidhe eile gus pìoban-loidhne sgilean fheabhasachadh air feadh Alba.



Neach Ciùrd
Goibhneachd HES aig
Ceàrdach Ràthach

Buil 4

Bidh sinn air ginealach ùr de luchd-ionnsachaidh a bhrosnachadh tro ar prògraman sgilean agus for-ruigheachd.

Prìomh Chomharra Coileanaidh

Sa Mhàrt 2028, tha sinn air an àireamh de dhaoine a tha sinn air a thrèanadh a mheudachadh 10%, agus air an àireamh de dhaoine leis a bheil sinn air com-pàirt a ghabhail tro ar prògraman ionnsachaidh a mheudachadh 15%, gu 65,000.



Clachairean ag obair air Institiùd Lindsay ann an Lannraig, tràth san 20mh linn
© Urras Taigh-tasgaidh Borgh Rìoghail Lannraig



Preantas clachaireachd



Ar builean:

Daoine agus àiteachan

Tha an àrainneachd eachdraidheil na suidhe aig cridhe choimhearsnachdan na h-Alba, a' solarachadh dhachaighean, sgoiltean, ospadalan, tàlaidheachdan luchd-turais, àiteachan adhradh, agus làraichean gnìomhachais. Tha i a' tarraing nam milleanan de luchd-tadhail gu ar cladaichean gach bliadhna, a' cruthachadh obraichean agus a' cosnadh teachd-a-steach do ghnothachasan agus coimhearsnachdan air feadh na dùthcha.

Tha i riatanach cuideachd do shunnd dhaoine agus a bhith a' gabhail fois, agus do ar mothachadh de fhèin-aithne, àite, agus bhuntainneas. Tha sinn ag amas air na buannachdan sin uile a chumail suas agus a neartachadh, agus taic a chur ri fulangas nan daoine agus nam buidhnean a tha a' dèanamh na h-àrainneachd eachdraidheil na maoin a tha cho deatamach ann an Alba. Tha seo ag iarraidh a bhith ag obair ann an com-pàirteachas gu h-ionadail, gu nàiseanta agus gu h-eadar-nàiseanta le coimhearsnachdan agus buidhnean gus taic a chur ris an dualchas a tha cudromach dhaibhsan.



Pàirc-spèilidh
Baile Dhùn Lèibhe

Buil 5

Bidh sinn air na buannachdan eaconamach agus coimhearsnachd do dh'àrainneachd eachdraidheil Alba a mheudachadh.

Prìomh Chomharra Coileanaidh

Sa Mhàrt 2028, tha sinn air ar tabhartas do GDP na h-Alba a mheudachadh 10%, bho £1 billean gu £1.1 billean.

Buil 6

Bidh sinn air ar maoineachadh tabhartais a chumail suas gus dèanamh cinnteach gu bheil an àrainneachd eachdraidheil a' libhrigeadh mu choinneamh phrìomhachasan nàiseanta.

Prìomh Chomharra Coileanaidh

Sa Mhàrt 2028, tha sinn air £40 millean aig a' char as lugha a thasgadh ann an coimhearsnachdan ionadail air feadh Alba, tro ar sgeamaichean tabhartais.



Barraid Ailbeirt, Obar Dheathain



Teaghlach aig Caisteal Dhùn Breatann







Ar builean:

Gnìomh gnàth-shìde

Tha atharrachadh na gnàth-shìde a' leantainn air a' toirt buaidh àicheil air àrainneachd thogte is eachdraidheil na h-Alba. Is urrainn agus feumaidh an àrainneachd eachdraidheil a bhith aig teis-meadhan slighe na h-Alba gu cothromachadh carboin. Cuiridh sinn taic ri eadar-ghluasad cothromach gu cothromachadh carboin, an dà chuid tro ar riatanasan laghail fhìn a thaobh ar sgaoilidhean a ghearradh, agus tro chuideachadh chàich le atharrachadh gnàth-shìde agus a bhuidhean a thuigsinn, a lasachadh, agus atharrachadh.

Tha seo a' ciallachadh a bhith a' brosnachadh seilbheachd anns na togalaichean a tha air an togail gu traidiseanta leithid ar dachaighean,

oifisean, agus bun-structar nàiseanta, agus a bhith a' tuigsinn 's ag adhartachadh nam fuasglaidhean nuadhaichte a tha a dhìth orra. Tha e a' ciallachadh cuideachd a bhith ag obair le com-pàirtichean air feadh agus seachad air roinn na h-àrainneachd eachdraidheil, agus a bhith a' cur taic ri 's a' comhairleachadh Riaghaltas na h-Alba, ùghdarrasan ionadail, agus sealbhadairean mhaoinean. Tha a bhith soirbheachail a' ciallachadh, chan e a-mhàin a bhith a' coileanadh ar targaidean gnàth-shìde, ach a bhith a' cuideachadh dhaoine air feadh Alba gu bhith a' còmhnaidh ann an dachaighean a tha nas blàithe, nas sàbhailte, agus nas èifeachdaiche an teasachadh.



Pannalan grèine
gan stàlachadh
aig Caisteal
Dhùn Èideann

Buil 7

Bidh sinn air an t-slighe a stiùireadh ann an lùghdachadh nam buaidhean gnàth-shìde againn.

Prìomh Chomharra Coileanaidh

Sa Mhàrt 2028, tha sinn air ar sgaoilidhean tòiseachaidh gas taigh-glainne a lùghdachadh gu 3,573 tonna.

Buil 8


Bidh sinn air dualchas na h-Alba a chur aig teis-meadhan an eadar-ghluasaid chothromaich gu cothromachadh carboin.

Prìomh Chomharra Coileanaidh

Sa Mhàrt 2028, tha sinn air an àireamh de thabhartasan atharrachaidh gnàth-shìde a tha sinn a' riarachadh, a mheudachadh 15%.



Caisteal Threabh



Taisbeanadh dealbhaidh tearmail san t-Seada Einnsein, Sruighlea



Ar builean: Ar buidheann

Gus ar n-àrd-amasan a thoirt gu buil agus ceannardas a sholarachadh don roinn againn, feumaidh am buidheann againn a bhith freagarrach don adhbhar agus iomchaidh mu choinneamh an ama ri teachd. Feumaidh sinn dèanamh cinnteach gu bheil sinn a' toirt prìomhachas do ghnìomhachd a lìbhrigear na buaidhean as làidire.

Tha seo a' ciallachadh gum bi na daoine ceart leis na sgilean ceart an sàs gus dèiligeadh ris na dùbhlain san àm ri teachd, agus àrainneachd obrach shàbhailte a chruthachadh anns am faod gach neach a bhith soirbheachail. Tha e a' ciallachadh cuideachd a bhith a' briseadh sìos bhacaidhean do ar n-obair agus ar seirbheisean, gus am faigh bharrachd dhaoine – ge 'r bith dè an cùl-dualchais – cothrom orra agus buannachd fhaotainn bhuapa.



Com-pàirtichean
Prògram Shaor-
thoilich Gàidhlig aig
Taigh-dubh Àrnoil

Buil 9

Tha sinn air ar teachd-a-steach a mheudachadh agus air a thasgadh ann an dualchas na h-Alba.

Prìomh Chomharra Coileanaidh

Sa Mhàrt 2028, tha sinn air maoineachadh a bharrachd de 20% aig a' char as lugha, a ghintinn bho thùsan neo-riaghaltasach, bho £73.5 millean gu £87 millean.

Buil 10


Bidh sinn air àrainneachd shàbhailte, thèarainte, agus in-ghabhalach a sholarachadh, san urrainn do ar co-obraichean soirbheachadh.

Prìomh Chomharra Coileanaidh

Sa Mhàrt 2028, tha sinn air sgòran suirbhidh conaltraidh le co-obraichean a chumail suas no a leasachadh a thaobh gach aon de na ceithir colbhan taobh a-staigh ar Ro-innleachd Dhaoine.



Luchd-obrach HES ag obair



Obair glèidhteachais aig Caisteal Chiosmuil

Lìbhrigeadh ar plana

Bidh am plana seo a' faotainn taic bho Phlana Obrachaidh foillsichte, a mhinicheas na gnìomhachdan a bhios sinn a' gabhail os làimh gus ar builean a lìbhrigeadh. Nì sinn ath-sgrùdadh agus atharrachadh air ar ro-innleachdan is planaichean eagrachail eile, gus dèanamh cinnteach gu bheil iad a' co-thaobhadh agus a' cuideachadh le ar prìomhachasan corporra a lìbhrigeadh.

Leugh ar Plana Obrachaidh do 2025-28 aig hes.scot/operatingplan.



Tomhas soirbheachadh

Tha gach aon de ar builean air a mhaidseadh le prìomh chomharra coileanaidh (KPI). Tha na comharran sin mar na cinn-naidheachd air am bi sinn a' breithneachadh ar gnìomhaidh, agus air am bi sinn ag aithris mu choinneamh nar n-Aithisgean Bliadhnail.

Bidh seata de nithean-lìbhrigidh co-cheangailte ris gach buil, a leanas sinn sa Phlana Obrachaidh againn. Ceadaichidh leantainn nan KPI sin dhuinn lìbhrigeadh air a' Phlana Chorporra seo atharrachadh, agus cuideachadh le ar co-dhùnaidhean goireasachaidh a stiùireadh. Leis a' mhodh-obrach seo, bidh sinn a' dèanamh cinnteach à lìbhrigeadh soirbheachail agus a' cumail sùil air buaidhean nas fharsainghe ar n-obrach.

Cur taic ri builean is poileasaidhean an riaghaltais


Mar a tha e uile a' freagairt còmhla



Tha am **Frèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta** a' stèidheachadh lèirsinn airson sunnd iomlan na h-Alba.



Ar n-Àm a dh'Fhalbh, Ar n-Àm ri Teachd a' mìneachadh rùn nàiseanta – buannachdan ar n-àrainneachd eachdraidheil a chumail suas agus àrdachadh do dhaoine is coimhearsnachdan, a-nis agus san àm ri teachd.



Tha an sgrìobhainn seo, ar **Plana Corporra**, a' mìneachadh ar lèirsinn agus ar prìomhachasan gu 2028.



Tha ar **Plana Obrachaidh** a' mìneachadh na bhios sinn a' strì ri choileanadh thar nan trì bliadhna ri teachd, le builean comharraichte agus tomhaiseil.

Tha iad sin uile a' cumadh

- Ro-innleachdan is planaichean do phrìomh chuspairean mar obair air ar n-oighreachd, fàs sgilean, inbheisteadh nar daoine, obair choimhearsnachdan, coileanadh ar targaidean atharrachaidh gnàth-shìde agus ar gnìomhachd rannsachaidh
- Planaichean Buidheann-stiùiridh Bliadhnail
- Cinn-uidhe agus targaidean coileanaidh do ar cosnaichean uile



Togail Mòr LEGO de Lùchairt Ghleann Iucha, Taigh-tasgaidh Ghleann Iucha



HISTORIC
ENVIRONMENT
SCOTLAND

ÀRAINNEACHD
EACHDRAIDHEIL
ALBA

Is e Àrainneachd Eachdraidheil Alba am prìomh bhuidheann stiùiridh poblach a tha stèidhichte gus àrainneachd eachdraidheil Alba a rannsachadh, cùram a ghabhail dhith, agus a h-adhartachadh. Tha sinn dealasach a thaobh dèanamh cinnteach gu bheil am foillseachadh seo ruigsinneach do na h-uile. Ma tha e a dhìth oirbh ann an cruth no cànan eile, cuiribh fios mas e ur toil e.

Àrainneachd Eachdraidheil Alba

Taigh Longmore, Làrach Salisbury,
Dùn Èideann, EH9 1SH



0131 668 8600



hes.scot

Àrainneachd Eachdraidheil Alba

Àireamh Carthannais Albannach. SC045925

Seòladh clàraichte: Taigh Longmore, Làrach Salisbury,
Dùn Èideann, EH9 1SH



© Àrainneachd Eachdraidheil Alba 2025. Faodaidh sibh am fiosrachadh seo ath-chleachdadh (ach a-mhàin suaicheantasan is ìomhaighean) an-asgaidh ann an cruth no meadhan sam bith, fo chumhachan a' Chead Riaghaltais Fhosgailte v3.0, mura foillsichear a chaochladh. Far a bheil sinn air fiosrachadh chòraichean glèidhte treas-phàrtaidh sam bith a chomharrachadh, feumaidh sibh cead fhaotainn bho luchd-glèidhidh nan còraichean sin. Na h-ìomhaighean uile le Àrainneachd Eachdraidheil Alba.